

## Sia Dùthchannan Ceilteach, Sia Cànanan Ceilteach

Tha sia Cànanan **Ceilteach** ann agus 's e Gàidhlig na h-Alba fear aca. 'S e an fheadhainn eile Gaeilge (Gàidhlig na h-Èireann), Gaelg (Gàidhlig Eilean Mhanainn), Còrnais, Cuimris agus Breatannais.

'S iad Gàidhlig, Gaeilge agus Gaelg cànanan **Goidhealach** Ceilteach an latha an-diugh, a thòisich ann am Breatainn agus Èirinn.

**Canaidh sinn cànanan Briothannach ri Breatannais, Còrnais agus Cuimris.**


Na Dùthchannan **Ceilteach**, far a bheil na cànanan **Ceilteach** fhathast gam bruidhinn an-diugh, air neo far an robh iad air am bruidhinn a-steach dhan **nuadh linn**.



Bha cànanan **Ceilteach** gam bruidhinn air feadh na Roinn Eòrpa an Iar aig àm nan Ròmanach agus ro àm nan Ròmanach. An-diugh 's ann ann an Eileanan Bhreatainn agus sa Bhreatainn Bhig, **sgìre** ann an iar-thuath na Frainge, a tha iad air am bruidhinn sa mhòr-chuid.



### Roinn Eòrpa nan Ceilteach



Mar a sgaoil na Ceiltich suas chun a' 5mh linn BC.



An sgìre bu mhotha san robh Ceiltich a' fuireach ron 2na linn BC.